

<b>Tìotal an Dreuchd:</b>	<b>Manaidsear Cùisean Phoblach (Eadar-amail)</b>
<b>Aithris do</b>	<b>Ceannard</b>
<b>Àite:</b>	<b>Sùbailte</b>
<b>Cùmhnant:</b>	<b>6 mìosan</b>
<b>Tuarastal</b>	<b>B3 (£39,132-£47,065)</b>
<b>Uairean:</b>	<b>1 FTE</b>

---

**Co-theacsa**

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) a th' ann am Bòrd na Gàidhlig, stèidhichte fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Is e a' phrìomh bhuidheann ann an Alba air a bheil dleastanas gus leasachadh Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba mu chùisean Gàidhlig, a' gabhail a-steach fhoghlaim.

Is e sealladh BnG gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

Tha BnG ag obair gus a' Ghàidhlig adhartachadh ann an com-pàirticheas le Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Poblach, com-pàirtichean libhrigidh agus coimhearsnachdan. Tha Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig (PCNG) 2018-23 a stèidhicheas cleachdadh, ionnsachadh agus brosnachadh na Gàidhlig mar trì prìomhachasan airson leasachadh na Gàidhlig, a' cur a-mach an stiùireadh airson na planaichean corporra agus obrachail againn.

Tha tòrr den obair againn a' dèanamh fòcas air leasachadh agus àrd-shealladh air Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig còig-bliadhnaichean, còmhla ri iarraidh air buidhnean poblach eile Planaichean Cànain Gàidhlig (PCG) a leasachadh agus a thoirt gu buil.

Tha dleastanasan fhoghlaim riochdail aig BnG fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

---

**Adhbhar na Dreuchd**

Gus cuid prìomh pròiseactan a thoirt air adhart ann an ùine ghoirid agus gus taic a thoirt do àrd stiùirichean

**Prìomh Dleastanasan**

- Gus dol an sàs gu brìghmhor còmhla ri luchd-ùidh, coimhearsnachdan agus luchd-poilitigs timcheall air dreuchd agus buaidh a th' aig Bòrd na Gàidhlig
  - Gus planadh, cruthachadh agus toirt gu buil àireamh de pròiseactan aon-turais ceangailte ri cosnachadh an luchd-ùidh a rèir loidhnichean-tìde soilleir
  - Gus leasachadh agus meudachadh dàimhean leantaileach còmhla ri prìomh luchd-ùidh, aig ìrean nàiseanta agus roinneil
  - Gus taic a thoirt do dàimhean obrach matha eadar Bòrd na Gàidhlig agus a h-uile prìomh neach-ùidh poilitigeach
-

- Gus comhairle a thoirt do SMT agus, far a bheil e freagarrach, a’ Bhòrd agus na Comataidhean aige air cùisean iomchaidh agus gus brathan-ullachaidh a sholarachadh far a bheil e freagarrach airson leasachadh a’ phoileasaidh taobh a-staigh na buidhne
- Gus co-obrachadh le co-obraichean air leasachadh an t-siostaim gus ceanglaichean le buidhnean taobh a-muigh a mheudachadh, mar a tha freagarrach ann an gach sgioba a’ Bhùird
- Gus dèanamh cinnteach mathachadh leantaileach ann an solarachadh an t-seirbhis gus èifeachdas agus luach an airgid a làn-mheudaich
- Comas a leasachadh ann an sgilean agus eòlas, tro dealas air trèanadh agus leasachadh an luchd-obrach, gus cliù BnG a thogail mar buidheann ‘eòlach’ agus buidheann èifeachdail.
- Gus comhairle a thoirt don Cheannard ann an leasachadh leantaileach na sgìrean fo a làimh gus taic a thoirt do amasan BnG.

### Comasan, Eòlas agus Teisteanasan

Sgilean	So-iarrtas
Sgilean conaltraidh proifeasanta agus margaidheachd, a thathar a’ cleachdadh thar na meadhanan uile, an dà chuid anns a’ Ghàidhlig agus a’ Bheurla	Riatanach
Eòlas farsaingeach air obair còmhla ri luchd-ùidh, gu sònraichte aig ìrean poiliteagach, nan ùghdarrasan ionadail agus na coimhearsnachd	Riatanach
Dòigh-obrach ro-ghnìomhach le comas airson leasachaidhean aithneachadh, analais a dhèanamh air na tha a dhìth, planaichean airson atharrachadh a leasachadh agus an toirt gu buil ri uair agus taobh a-staigh a’ bhuidseit	Riatanach
Neach-cleachdaidh ICT sgileil, a’ gabhail a-steach nam meadhanan-sòisealta agus bathar-bog saothrachaidh	Riatanach
Comas àireamh de phròiseactan a stiùireadh a chèile agus gu h-èifeachdach	Riatanach
Comas fiosrachadh de dh’iomadh seòrsa a cho-roinneadh agus a thaisbeanadh ann an cruth iomchaidh, gu cuimseach agus ri ùine.	Riatanach
Eòlas obrachail air bathar-bog stiùireadh nam pròiseactan	So-iarrtach
Cead-draibhidh slàn an RA	So-iarrtach

#### Fiosrachadh a bharrachd

Feumaidh ballrachd PVG a chaidh a thoirt a-mach taobh a-staigh na 12 mìosan mu dheireadh a bhith aig tagraichean a chuireas a-steach son dreuchd seo, no feumaidh iad a bhith so-roghnaidh airson ùrachadh an sgeama.

Tha 37 uairean san t-seachdain obrachail agus bidh feum aig an dreuchd seo airson sùbailteachd a thaobh obair san fheasgar agus aig an deireadh-sheachdain.

---

Dleastanasan airson: -

---

**Ìre is Tuarastal:** Mar is àbhaist tòisichidh luchd-obrach ùr aig ìre as lugha an raoin pàighidh agus bidh dreuchdan maireannach so-roghnaidh airson adhartachadh ioncramaideach bliadhnail, a rèir poileasaidh Bòrd na Gàidhlig.

---

**Sochairean:** 'S e builean Maoin Pheinseanan Comhairle na Gàidhealtachd a th' ann luchd-obrach aig a bheil cùmhnantan maireannach, no cùmhnantan sealach airson 3 mìosan no barrachd, le reata 19% tabhartas an fhastaiche, ach ma thoir iad ro-aonta air falbh. <http://www.highlandpensionfund.org>

---

**Àite:** Faodar bruidhinn air àite an dreuchd. Tha luchd-obrach air fad ag obair aig an taigh an-dràsta agus mhair seo airson ùine mhòr.

---

**Siubhal** Bidh beagan siubhal taobh a-staigh Alba an sàs san dreuchd seo.

---

**Ceann-latha airson tagraidhean:** Diluain **22 Samhain 2021, 5f**

---

Thèid agallamhan a chumail air Microsoft Teams air Diluain 29mh Samhain 2021.

---